

Slighean Luchd-ionnsachaidh: Glè chudromach airson curraicealam soirbheachail a dhealbhadh

Aithris air pròiseact co-obrachail air na rachadh aig sgoiltean, coimhearsnachdan agus an Riaghaltas a dhèanamh gus taic a thoirt do churraicealam a tha air a dhealbhadh timcheall air gach neach òg.

[Tha Slighean Luchd-ionnsachaidh nam prìomh phàirt de dhealbhadh -curraicealaim soirbheachail ann an Alba](#)

[Co-theacsa](#)

[COVID-19](#)

[Foir-shealladh](#)

[1. MAR A THA SINNE A' FAICINN SOIRBHEAS ANN AN SGOILTEAN NA H-ALBA](#)

[Fuasglaidhean a ghabhadh cleachdadh](#)

[Planadh a dh'aona ghnothach](#)

[Stòiridh ùr air soirbheas ann an](#)

[Alba Briathrachas airson cothromas](#)

[Molaidhean na Buidhne](#)

[2. A' DEALBHACHADH A' CHURRAICEALAIM ANN AN DÒIGH ÙR-GHNATHACH](#)

[Fuasglaidhean a ghabhadh cleachdadh airson Dealbhadh Curraicealaim](#)

[Cùm co-chothromaichte le feumalachdan is ùidhean nan oileanach cho fad 's a ghabhas](#)

[Leasaich sgilean agus eòlas, còmhla](#)

[Dèan na slighean, agus na ceanglaichean eatarra, nas soilleire](#)

[Slighean luchd-ionnsachaidh air an dealbhadh aig ìre fìor ionadail, air an ceangal](#)

[ri chèile aig ìre nàiseanta](#)

[Molaidhean na Buidhne](#)

[3. CO-OBACHADH](#)

[Ath cheuman airson co-obrachadh](#)

[Eadar-ghluasadan, an àite chuirtean](#)

[Ùghdarrasan Ionadail mar luchd-brosnachaidh stòiridh ùire](#)

[Com-pàirteachasan nas doimhne is nas leithne](#)

[Molaidhean na Buidhne:](#)

[Iomraidhean](#)

[Com-pàirtichean anns an Sgioba Cho-dhealbhadhaidh](#)

Tha Slighean Luchd-ionnsachaidh nam prìomh phàirt de dhealbhadh curraicealaim soirbheachail ann an Alba

Co-theacsa

San Fhaoilleach 2020, thug Foghlam Alba cùmhnannt do [NoTosh](#), buidheann a tha an sàs ann an smaoineachadh air dealbhachadh, gus sreath de thachartasan a dhealbhadh gu co-obrachail airson curraicealam a cho-dhealbhadh ann an dòigh chruthachail.

Ghabh riochdairean bho ùghdarrasan ionadail agus luchd-pàirt nàiseanta trì làithean os làimh air dealbhachadh a' churraicealaim, a' smaoineachadh còmhla ri ceannardan sgoile air dà chuspair: Slighean Luchd-ionnsachaidh, agus Ionnsachadh Eadar-chuspaireil.

Airson gach cuspair, chuir mu 40 ceannard-sgoile ùine seachad a' meòrachadh, chan ann a-mhàin air a' cho-theacsa agus adhbhar airson a' churraicealaim aca fhèin, ach cuideachd air mar a tha an siostam iomlan a' cuideachadh agus a' comharrachadh na h-iomadachd a gheibhear anns a' Churraicealam airson Sàr-mhathais.

Tha am pìos smaointeachaidh seo, a chaidh a leasachadh gu co-obrachail le Foghlam Alba agus NoTosh, mar cheann-finid na h-obrach air Slighean Ionnsachaidh. Tha e ag amas air beachdan an luchd-phàirteachaidh a thoirt seachad agus, a bharrachd air sin, an lèirsinn aca airson foghlam Albannach sna bliadhnaichean a tha romhainn a chur an cèill.

Tha ar smaointean a' cur fòcas air trì prìomh mheasaidhean:

- **Mar a tha sinne a' faicinn soirbheas ann an sgoiltean na h-Alba**
- **A' dealbhachadh a' churraicealaim ann an dòigh ùr-ghnàthach**
- **Co-obrachadh**

COVID-19

Thachair na seiseanan deireannach againn air Slighean Luchd-ionnsachaidh air an 12^{mh} Màrt 2020. Aon seachdain às dèidh sin, air an 20^{mh} Màrt, chaidh na sgoiltean air feadh Alba a dhùnadh air tàilleibh a' ghalair mhòr-sgaoilte Covid-19.

Dh'adhbharaich an galar mòr-sgaoilte cruth-atharrachadh radaigeach agus obann ann an siostaman foghlaim an t-saoghail, a' toirt oirnn sgrùdadh a dhèanamh air na structaran foghlaim againn, gach cuid gu fiosaigeach agus gu meataforach. Mar thoradh air an luathas leis an do rinneadh na h-atharrachaidhean seo, a bha gu tur thar smachd dhaoine, bhuidhnean no Riaghaltasan sam bith, tha ath-leumachd, innleachdas agus ionnsachadh fèin-stiùirichte air a dhol am meud gu ìre nach fhaodamaid a ruigsinn gun a' chulaidh-bhrosnachaidh a thàinig bho èiginn chruinneil. Air feadh ciad sheachdainean na h-èiginn, choimhead sinn mar a b' fheadar

do bhuidhnean agus an luchd-obrach aca an cuid sgilean agus tionnsgnadh a chleachdadh gus freagarrachadh airson maireann beò. Bha an comas seo leis am faodar dèiligeadh ri agus freagarrachadh ri cugallachd na beatha san 21^{mh} linn mar phrìomh bhun-bheachd air feadh còmhraidhean na buidhne Slighean Luchd-ionnsachaidh. An-diugh, barrachd na dh'fheumadh iad riamh roimhe, feumaidh sgoiltean a bhith nan àitichean far am bi daoine òga ag ionnsachadh agus a' leasachadh eòlas beartach, seadh, ach cuideachd na sgilean leis am faod iad soirbheachadh ann an àm ri teachd a tha, barrachd is barrachd, de leithid nach gabh ro-innse. Cha bhi an t-ionnsachadh sin na shuidhe, agus cha bu chòir dha a bhith na shuidhe, a-mhàin taobh a-staigh crìochan is cuibhreachaidhean structar cholbhan a tha stèidhichte air cuspairean.

Agus cha bu chòir gum bi cothroman beatha air an socrachadh a-mhàin le corra phrìomh chodhùnadh a rinneadh thar dà bhliadhna ann an àrd-sgoil.

Tro ghnàth-eòlas fìor-bheatha, tha sinn air ionnsachadh mun luach a bhios gach duine fa leth a' cur ris a' chomann-shòisealta againn. Tha fios againn le cinnt a-nis gu bheil, ann an amannan èiginn, neach-bùtha no neach-cùraim a cheart cho luachmhor dhuinn 's a tha iadsan a tha an sàs ann an co-èigneachadh an lagha no ann an dreuchdan meidigeach, agus bu chòir gu bheilear ag aithneachadh seo anns na bhios sinn a' luachadh ann an sgoiltean na h-Alba an-diugh. Tha slighe ionnsachaidh gach pàiste cudromach, agus bu chòir gu bheilear a' cur luach co-ionann oirre taobh a-staigh an t-siostaim againn.

'Tha sgilean aig teas-mheadhan ghnòthaichean airson fàs eaconamach a choileanadh, ann an dòigh sheasmhach agus air a stiùireadh le tionnsgnadh, agus airson in-ghabhail shòisealta', OECD (2020)

Foir-shealladh

A thaobh nan cuspairean a thathar a' taghadh agus na teisteanasan a bhios ceangailte riutha, chan urrainnear am measadh tuilleadh mar an aon dòigh san gabh feachd-obrach a leasachadh—feachd-obrach a tha sùbailte, so-fhreagrach agus atharrachail agus a tha a cheart cho sona nam beatha 's a tha iad nan obair. Bho thràth-ionnsachadh gu ruige inbheachd, feumaidh sinn ionnsachadh a dhealbhadh gu diofaraichte, le cuideam ga chur air dèanadachd dhaoine òga a mheudachadh a thaobh nan co-dhùnaidhean a bhios a' bualadh orra fhèin. Feumaidh sinn a bhith ag altram nan sgilean is feartan air am bi feum aca airson freagairt ris na cothroman is dùbhlain a thig fo an comhair ann an saoghal a tha ag atharrachadh gu luath, uaireannan ann an dòighean eagalach.

Thig cuid den ionnsachadh seo bho eòlas speisealaichte a tha ceangailte ri cuspair sònraichte, ach bidh ionnsachadh eile nas 'neo-fhoirmeile' a cheart cho cudromach agus bu chòir gun cuirear luach air a leithid. Dh'fhalbh an ùine air a' mhodh-obrach 'thraidiseanta acadaimigeach', far an robhar a' measadh sgoiltean a-mhàin a rèir na rachadh a mheasadh gu soirbh—nà a dh'fhaodadh cron a dhèanamh do shunnd ar n-òigridh agus do cho-structaran

a' chomainn-shòisealta againn san fharsaingeachd.

A dh'aindheoin nan cleachdaidhean ùr-ghnàthach uile a thàinig tro Churraicealam airson Sàr-mhathais, thug a' bhuidheann fa-near gur e aon rud a mhair cha mhòr gun atharrachadh an dòigh sam bi sinn a' duaiseachadh theisteanasan do dhaoine òga agus an seòrsa ionnsachaidh a bhios na teisteanasan sin a' comharrachadh. San raon seo, chaidh sparradh oirnn atharrachaidhean a thoirt a-steach gu luath air tàilleibh a' ghalair mhòr-sgaoilte Covid-19 ann an 2020, agus earbsa ga cur ann an cumhachdachadh thidsearan, a dh'fheumadh co-dhùnaidhean proifeiseanta a dhèanamh air comasan an neach òig, an àite a bhith a' measadh dè dh'fhaodadh an neach òg cuimhneachadh no ath-riochdachadh ann an deuchainn dheireannach. Airson 2020, co-dhiù, tha siostam theisteanasan againn a tha nas coltaiche ris an dòigh sam bi sinn a' measadh adhartas taobh a-staigh an Fhoghlaim Fharsaing Choitichinn. Fhad 's a bu chòir dhuinn aithneachadh gun robh an t-atharrachadh obann seo do theisteanasan mòr-chiùrrach airson cuid a dhaoine òga, an teaghlaichean agus an tidsearan, dh'fhaodamaid cuideachd tighinn dhan cho-dhùnadh gur e, ma dh'fhaodte, nàdar is cabhag an atharrachaidh, an àite an atharrachaidh fhèin, a dh'adhbharaich an t-amhladh a bu mhotha agus, ann an cuid a dhòighean, bròn. Ma dh'fhaodte gu bheil eileamaidean deimhinneach ann cuideachd, air am bu chòir dhuinn cnuasachadh.

Feumar daoine òga a bhrosnachadh a dhol an sàs ann an ionnsachadh a tha a' togail an ùidh agus an aire, a bharrachd air na bhiodh feumail dhaibh, agus cha bu chòir gum bi sgoiltean a' faireachdainn gu bheil iad air am bagairt ma tha iad a' leigeil le daoine òga ionnsachadh a thoirt an comhair eile. Tha iad ag innse seo dhuinn. Mar eisimpleir, far a bheil ùine agus cothrom gan toirt dhaibh gus ionnsachadh a chur an gnìomh ann an dòigh eadar-chuspaireil, bidh sin gan comasachadh a bhith a' togail misneachd agus neo-eisimeileachd, agus bu chòir seo fhaicinn mar dhùil a tha a cheart cho cudromach 's a tha na cuspairean a tha iad a' taghadh.

Bidh com-pàirteachasan mar phàirt riatanach gus an ìre seo de roghnachadh a dhèanamh comasach, maille ri atharrachadh ann am beachd-inntinn a thaobh càit am bi daoine òga ag ionnsachadh, cò bhuaithe a bhios iad ag ionnsachadh agus dè seòrsa toradh a 'bu chòir' tighinn às an cuid ionnsachaidh.

Fhad 's a bha iomadh sgoil a bha air a riochdachadh sa bhuidhinn air mòran adhartais a dhèanamh a thaobh slighean ionnsachaidh ùr-ghnàthach is ioma-chùiseach a thoirt airson dhaoine òga sna sgoiltean is coimhearsnachdan aca a rèir a' cho-theacsa ionadail, bha mòran dhiubh a' faireachdainn nach eilear a' cur uiread de luach orra seo an coimeas ri slighean nas 'traidiseanta', ri linn nam meatraigean a thathar a' cleachdadh an-dràsta ann an foghlam na h-Alba agus ri linn an luach a bhios ga chur air na meatraigean seo leis na meadhanan, leis a' chomann-shòisealta san fharsaingeachd, agus san raon phoilitigeach, gach cuid gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta.

Gus cuid de na dùbhlain seo a cheannsachadh, bha a' bhuidheann a' faireachdainn, nan robh tuigse agus ath-bheachdachadh ann air cò ris a tha soirbheas coltach ann an sgoiltean na h-

Alba—tuigse a bha air a co-phàirteachadh le com-pàirtichean uile agus air a comharrachadh sna meatraigean againn—bhiodh sin a’ dèanamh cinnteach gu bheil sinn a’ measadh na tha sinn a’ cur luach air agus gar cuideachadh gus fàs gach neach òig a chomharrachadh.

1. Mar a tha sinne a’ faicinn soirbheas ann an sgoiltean na h-Alba

Dè bhios sinn a’ cur luach air mar shiostam agus a bheil an teachdaireachd sin soilleir don h-uile agus air a comharrachadh sna meatraigean againn? Tha an curraicealam stèidhichte air ceithir co-theacsaichean ionnsachaidh. Nuair a tha sinn a’ cnuasachadh air càit, taobh a-staigh nan co-theacsaichean seo, am bi sinn a’ toirt spionnadh sna sgoiltean againn, dh’fhaodte gu bheil duan diofaraichte aig gach aon.

Taobh a-staigh suidheachadh Tràth-ionnsachaidh no Bun-sgoile, dh’fhaodte gu bheil, ri linn nàdar a’ ghnòthaich, ionnsachadh follaiseach tarsainn nan ceithir co-theacsaichean. Mar eisimpleir, dh’fhaodadh ionnsachadh a bhith nas eadar-chuspaireile agus a’ cur barrachd fòcas air coileanadh pearsanta, ma dh’fhaodte air a threòrachadh le comas -iongnaidh a’ phàiste no a’ chlas iomlain, le eòlas beartach air fhisge a-steach.

Is dòcha gu bheil, ma dh’fhaodte, ionnsachadh ann an co-theacsa na h-àrd-sgoile stèidhichte mu raointean is cuspairean a’ churraicealaim, fiù ’s taobh a-staigh an Fhoghlaim Fharsaing Choitichinn. Chnuasaich sinn air carson a dh’fhaodadh sin a bhith.

- An e gur feàrr le clann aig an ìre seo a bhith ag ionnsachadh ann an dòigh eagraichte agus mar sin gu bheil ionnsachadh nas èifeachdaiche airson a’ phàiste no an neach òig?
- Air neo, an e gum b’ ann air ‘deuchainnean nan cuspairean’ a bhathar a’ cur fòcas ann an co-theacsa na h-àrd-sgoile gu h-eachdraidheil, a chionn ’s gur ann mar sin a thathar gar measadh mar shiostam?
- Carson a tha uimhir de dh’àrd-sgoiltean a’ diùltadh a ghabhail ri ionnsachadh iomlanach, eadar-chuspaireil agus beartach a thaobh co-theacsa, gu h-àraid ann an S1 gu S3, agus a’ taobhachadh ri bhith ag ionnsachadh ‘gu leòr’ gus soirbheas fhaighinn ann an deuchainn bhinearaidh airson cuspair fa leth?
- A bheil fathast a’ coimhead air an Fhoghlam Fharsaing Choitcheann mar cheann-uidhe eadar-amail gus daoine òga ullachadh airson na h-Ìre as Àirde? Bidh mòran sgoiltean a’ tòiseachadh air ullachadh airson nan cùrsaichean deuchainn fada mus ruigear crìoch an Fhoghlaim Fharsaing Choitichinn.

Cò de na h-eòlasan ionnsachaidh seo air am bi an siostam againn a’ cur luach, agus am bi sinn a’ measadh na tha sinn a’ cur luach air no a’ cur luach air na nithean a ghabhas measadh gu furasta?

Tha a’ bhuidheann cho-dhealbhachaidh againn ag argamaid gu bheil an siostam làithreach ann an dà phàirt a thaobh dè bhios e a’ cur luach air agus dh’fhaodadh e a bhith doirbh an aon fhreagairt fhaighinn don cheist seo, a rèir cò ris a tha thu a’ bruidhinn. Airson

feadhainn, dh'fhaodadh gu bheil an cuideam gu '5@5' a choileanadh a' toirt buaidh dhìreach air comas na sgoile, agus uaireannan 'cead' na sgoile, a bhith a' feuchainn dòigh-obrach ùr. Agus tha an deasbad a thaobh dè an àireamh cheart de chuspairean a bu chòir do luchd-ionnsachaidh a ghabhail aig S4 a' togail a cheann a-rithist an dèidh na h-aithisg a dh'fhoillsicheadh le Comataidh Foghlaim agus Sgilean (Pàrlamaid na h-Alba, 2019). Airson feadhainn eile, a thaobh dòigh-obrach a tha nas pearsantaichte agus, a rèir na h-argamaide, nas soirbheachaile ann a bhith a' coileanadh feumalachdan an neach fa leth, tha trioblaid tuigse ann: thathar a' tuigsinn gu bheilear a' toirt spèis nas lugha air a leithid, leis na meadhanan agus san raon phoilitigeach, na thathar a' toirt air cùrsa nas 'traidiseanta', a chionn 's nach fhaodadh e an uimhir de phuingeann taraif fhaighinn.

Fuasglaidhean a ghabhadh cleachdadh

Planadh a dh'aona-ghnothach

Tha seo a' cruthachadh fìor dhà-sgaradh, a ghabhadh fhaothachadh, ann am beachd na buidhne co-dhealbhadh, tro lèirsinn a bha air a co-phàirteachadh air feadh an t-siostaim a thaobh na tha sinn ag iarraidh airson clann is daoine òga airson an ama ri teachd - ma dh'fhaodte measgachadh de dh'ionnsachadh beartach a thaobh co-theacsa agus eòlas speisealaichte cuspaireil far nach eil taobh seach taobh a' glèidheadh gun chòir. An gabh ar cumhachdachadh riamh gu slighe eadar-dhealaichte a ghabhail, far a bheil sin freagarrach ris an neach òg, mas e an deuchainn dheireannach an t-aon uidheam-cunntachalachd againn?

Stòiridh ùr air soirbheas ann an Alba

Mar shiostam, bidh sinn a' cur fòcas air 'Latha nan Toraidhean' san Lùnastal airson an soirbheas againn a nochdadh, ach cha bhi aon staitistig a' sealltainn raon is doimhneachd an ionnsachaidh a tha neach òg air leasachadh air feadh bliadhna. Cha bhi i a' sealltainn mar a dh'fhàs am pearsa agus dè cho fada 's a tha iad air tighinn air an t-slighe ionnsachaidh aca. 'S e dìreach aon phàirt den stòiridh; bidh an siostam againn, ge-tà, a' cur fòcas air mar an t-aon tomhas airson ciamar agus dè tha clann ag ionnsachadh, agus dè cho èifeachdach 's a tha sgoiltean. Bidh e cuideachd a' cumhachdachadh nam meadhanan le aon seata dàta a tha furasta a rangachadh agus a ghabhas co-phàirteachadh gach cuid gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta, ach cha bhi e ag innse ach aon phàirt de stòiridh na h-Alba. Cha bhi e a' comharrachadh soirbheas an t-siostaim ann a bhith a' leasachadh dhaoine òga a tha comasach air èirigh ri dùbhlann an 21^{mh} linn far nach gabh gnothaichean ro-innse agus air mar a bhios sinne, mar dhùthaich, a' cur fòcas air in-ghabhail agus sunnd.

Briathrachas airson cothromas

Bha sinn a' smaointinn cuideachd gun robh briathrachas an t-siostaim againn ga faicinn mar chnap-starra an coimeas ri mar a bhios sinn a' mìneachadh soirbheas agus ris an argamaid airson co-ionannachd spèis. Am faod sinn riamh a ràdh gu h-onorach gu bheil sinn a' cur luach air raon de dh'eòlasan agus teisteanasan ma tha sinn a' sìor-fheuchainn a bhith gam measadh an coimeas ri teisteanasan traidiseanta agus a' brosnachadh phàrantan a bhith a' dèanamh mar

an ceudna? Mar eisimpleir, thoir fa-near am briathrachas a chleachdar san abairt seo, a thèid ath-aithris gu tric: “Tha Preantasachd Bun-ìre luach X Àrd-Ìrean.” Carson a thathar a’ faireachdainn gu bheil e riatanach no fiù ’s iomchaidh a bhith a’ dèanamh coimeas ri Àrd-Ìrean? Feumar luach a chur air a h-uile eòlas, na chòir fhèin, stèidhichte air na dh’fhaodadh iad toirt do bheatha an neach òig, bitheadh sin cosnadh, trèanadh a bharrachd, colaiste no oilthigh. Tha uallach air sgoiltean agus air riaghaltas fios a thoirt do phàrantan air na roghainnean uile a tha mar chothrom do dhaoine òga agus an cuideachadh a bhith ag aithneachadh gum faod cuid de na h-eòlasan a gheibhear taobh a-muigh nan slighean traidiseanta a bhith a cheart cho luachmhor dhaibh, agus uaireannan fiù ’s nas fheumaile. Agus chan fhaod sinn dìochuimhneachadh air na bhiodh ar com-phàirtichean a’ meas mar thoraidhean soirbheachail bho ionnsachadh ann an sgoiltean na h-Alba:

- luchd-obrach a bhios a’ gabhail ghnothaichean orra fhèin;
- daoine a tha comasach air duilgheadasan fhuasgladh;
- daoine a tha comasach air smaointeachadh gu cruthachail;
- daoine a tha comasach air co-obrachadh agus a chluicheas mar phàirt de sgioba;
- daoine a tha misneachail gu leòr a bhith dàna nam brudaran.

Chan fhaighear an seo ach cuid de na sgilean is feartan air am feum sinn luach a chur taobh a-staigh an t-siostaim againn, maille ri eòlas beartach ann an raointean cuspaireil. Feumaidh gu bheil rùm ann airson an dà rud.

Molaidhean na Buidhne

- Obraich ann an co-obrachadh le luchd-pàirt - pàrantan, colaistean, fastaichean, oilthighean agus buidhnean eile - gus lèirsinn cho-phàirtichte a chruthachadh a thaobh cò ris a tha soirbheas coltach airson dhaoine òga ann an Alba.
- Gun nàire sam bith, thoir an cuideam air falbh bho mheatraigean dheuchainnean le bhith a’ comharrachadh choileanaidhean eile air feadh na bliadhna, an àite fòcas a chur air ‘Latha nan Toraidhean’ san Lùnastal.
- Lorg dòighean sam faodar a bhith ag aithneachadh, agus a’ duaiseachadh theisteanasan stèidhichte air, measadh leantainneach air adhartas an neach òig agus breithneachadh proifeiseanta thidsearan, an àite air nas urrainn dha cuimhneachadh no ath-riochdachadh aig àm sònraichte. Leis na h-ùr-ghnàthachaidhean a rinneadh ri linn tachartasan 2020, tha cothrom againn air cnuasachadh agus faighneachd a bheil modhan-obrach eile ann airson measadh a dhèanamh sna bliadhnaichean ri teachd.
- Dèan lèirmheas air siostaman agus briathrachas an t-siostaim gus luach a chur air agus taic a thoirt do na slighean ionnsachaidh uile.
- Aithnich nach bi staitistigean loma a’ riochdachadh fàs iomlan agus comasan a’ phàiste.
- Leasaich sgilean proifeiseanta nan tidsearan a thaobh planadh airson ionnsachadh air

chor 's gum bi iad a' comasachadh sgilean is comasan nan daoine òga, a bharrachd air an eòlas, a bhith air an leasachadh agus aithneachadh.

- Obraich ann an dòigh cho-obrachail le luchd-poilitigs thar phàrtaidh agus leis na meadhanan gus taic a thoirt dhaibh a bhith a' coimhead seachad air dàta thoraidhean agus chlàran mar dhòigh-mheasaidh airson coileanaidhean dhaoine òga agus comasan an tidsearan.
- Dearbhaich mar a ghabhadh aithriseadh tro na Ceithir Comasan, air a bhriseadh sìos a rèir sgilean, a chleachdadh gus cumadh a thoirt do phasgan an neach-ionnsachaidh.

2. A' dealbhachadh a' churraicealaim ann an dòigh ùr-ghnàthach

Bidh Curraicealam airson Sàr-mhathais a' cur luchd-ionnsachaidh aig cridhe foghlaim agus a' toirt cead airson an curraicealam a dhealbhadh leis an neach-ionnsachaidh agus an co-theacsa ionadail aig teas-mheadhan ghnothaichean. Dh'fhaodte gum bithear den bheachd gu bheil an dòigh-obrach shùbailte seo nas fhasa ri chleachdadh taobh a-staigh suidheachadh Thràth-bhliadhnaichean no Bun-sgoile, far a bheil saorsa ann a thig bho latha nach eil a cheart cho structaraichte. Tha àrd-sgoiltean, gun teagamh, diofaraichte. Dh'aithnich sinn gum bi raointean cuspair a' strì an aghaidh a chèile airson ùine agus airson na duaise ion-mhiannaichte far am bi daoine òga a' gabhail a' chuspair san Ìre as Àirde. Airson na mòrchuid, bho S1, bithear a' coimhead air ionnsachadh an neach òig mar rud a tha air leth, le ionnsachadh air a stiùireadh chan ann le feum no ùidh an neach-ionnsachaidh, no le feum no ùidh a' chlas, ach leis a' chlag. Tha an t-eagrachadh seo a rèir logastachd air a roinn gu cùramach ro làimh, agus bidh daoine òga a' leasachadh an cuid sgilean ann an raointean sònraichte le taic bho speisealach sa chuspair.

Bidh an structar colbhach traidiseanta seo a' ceadachadh beagan cothromais do raointean cuspaireil, ach tha e gu math do-lùbaidh, a' ciallachadh gu bheil ionnsachadh eadar-chuspaireil, mar eisimpleir, doirbh ri phlanadh agus ri libhrigeadh. Mar thoradh air neo-riaghailteachas an ionnsachaidh chuspaireil, dh'fhaodte gum bithear a' faicinn obair stèidhichte air pròiseactan mar thòcanas, no mar nì fuadain, airson a h-uile duine a tha an sàs sa ghnothach. Ach tha an cothrom ann airson nua-lorg, deuchainneachadh agus spòrs, agus tha sin inntinneach agus dùbhlanaich do dhaoine òga, gan cuideachadh gus eòlas cuspaireil a chur ann an co-theacsa firinneach, eòlas ùr a leasachadh agus an seata sgilean aca a leudachadh. Mar sin, feumaidh sinn cumail oirnn a' beachdachadh air dòighean sam faod sinn cothroman a 'shnaidheadh a-mach', gu h-àraid, ged nach ann a-mhàin, air feadh an fhoghlaim fharsaing choitchinn.

Fuasglaidhean a ghabhadh cleachdadh airson Dealbhachadh Curraicealaim

Cùm co-chothromaichte le feumalachdan is ùidhean nan oileanach cho fad 's a ghabhas

Bu chòir gum b' àbhaist gum bi slighean luchd-ionnsachaidh air am pearsanachadh; cha bu chòir dha a bhith às an t-sreath. Chan eil foghlam farsaing coitcheann a' ciallachadh gu bheil an t-aon fhuasgladh ann airson iomadh ceist. Air a chaochladh, bu chòir gu bheil a' chiad chorra bhliadhna san àrd-sgoil a' cuideachadh dhaoine òga gus 'daibh domhain' a dhèanamh anns na nithean a tha a' còrdadh riutha cheana agus ionnsachadh ùr a lorg. Anns na roghainnean a thathar a' tairgsinn aig an ìre thràith seo, feumaidh sgoiltean co-chothromachadh na dh'fheumas daoine òga a bhith eòlach air agus cothroman is ùine is rùm a thoirt dhaibh airson an ùidhean fhèin a leantainn agus raointean-ùidhe ùra fhidreadh cuideachd.

Fhad 's a tha neach òg a' dol air adhart tro àrd-sgoil, bu chòir gum bi na cothroman gan leudachadh, agus chan ann gan caolachadh. Bidh com-pàirteachasan le raon de luchd-pàirt, a' gabhail a-steach fastaichean ionadail is colaistean na sgìre, glè chudromach airson leasachadh nan sgilean is feartan a dh'fheumar airson ionnsachadh fad-bheatha, ach bu chòir gum bi na h-eòlasan seo a' cur ri pasgan an neach òig agus an soirbheas iomlan.

Leasaich sgilean agus eòlas, còmhla

Ma tha slighean luchd-ionnsachaidh gu bhith èifeachdach, feumaidh iad a bhith air leth agus a' cur luach air an neach òg gu h-iomlan, chan ann dìreach air an cuid chomasan 'acadaimigeach'. Tha seo mu dheidhinn leasachadh sgilean a ghabhas cleachdadh ann an co-theacsaichean eile agus a dh'fhaodas na daoine òga againn a chur an cèill. Tha e cuideachd mu dheidhinn dìorras a choileanadh, mòr-mhiannan àrdachadh agus tuigse orra fhèin a leasachadh. Bidh ùidh aig luchd-ionnsachaidh anns na tha iad ag ionnsachadh a chionn 's gum bi iad air cuideachadh gus cumadh a thoirt don ionnsachadh. Bidh am miann airson rannsachadh pearsanta, planadh phròiseactan agus fuasgladh cheistean gan toirt gu clas feòrachail agus farraideach, deiseil gus an tuigse a dhoimhneachadh. Bidh iad gam measadh fhèin mar luchd-ionnsachaidh fad-bheatha.

Dèan na slighean, agus na ceanglaichean eatarra, nas soilleire

Dh'fhaodte gu bheil roghainnean gan nochdadh 'soilleir' taobh a-staigh na h-Ìre as Àirde: trèanadh, obair, colaiste no oilthigh. Ach air cùlaibh gach tiotal farsaing den leithid, tha iomadachd shlighean ann. Dh'fhaodadh am beairteas de dh'fhiosrachadh seo a bhith a' nochdadh ro mhòr a thuigsinn airson mòran dhaoine òga agus, aig amannan, airson an sgoiltean cuideachd. Bha sinn a' faireachdainn gum feum sinn, mar shiostam, a bhith a' dèanamh cheanglaichean a tha nas fhaicsinniche gus teaglaichean a chuideachadh agus iad a' tòiseachadh air mapa a dhèanamh de shlighe neach-ionnsachaidh a tha soilleir agus pearsantaichte. Bu chòir gum bi fòcas soilleir aig seo, barrachd is ceann-uidhe deimhinneach

an dèidh sgoile, a' tuairisgeulachadh ìrean is ceanglaichean a dh'fhaodte a ghabhail air an t-slighe. Gheibheadh seo taic mhath bhon fhrèam-obrach SCQF.

Slighean luchd-ionnsachaidh air an dealbhachadh aig ìre fìor ionadail, air an ceangal ri chèile aig ìre nàiseanta

Tha luchd-ionnsachaidh is teaghlaichean a' cluiche pàirt chudromach ann an dealbhachadh ionnsachaidh, agus feumar taic a thoirt dhaibh air chor 's gum bi iad a' tuigsinn agus a' gabhail pàirt. Tha e cudromach gun urrainn do dhaoine òga tuigsinn mar a bhios an cuid sgilean ag adhartachadh agus gum faod iad na cothroman fhaicinn air an t-slighe a tha romhpa. Bheachdaich a' bhuidheann againn air mar a dh'fheumar cothroman a bhith san t-siostam againn a tha a' leigeil le daoine òga bruidh air dè dh'fhaodadh a bhith an dàn dhaibh, mus tèid an stiùireadh air slighe shònraichte. Feumaidh teaghlaichean iomlan tuigsinn dè na roghainnean a tha rim faotainn agus dè ghabhas dèanamh - dh'fhaodte nach eil iad eòlach fhathast air na nithean air a bheil iad aineolach.

Cha bhi aon dòigh-obrach ag obair airson a h-uile sgoile, agus bidh an curraicealam a' coimhead diofaraichte ann an diofar sgìrean den dùthaich, ach cuideachd taobh a-staigh diofar sheòmraichean-teagaisg san aon sgoil. Tha feum ann air tidsearan a tha air an cumhachdachadh agus air ceannardan aig a bheil a' mhisneachd phroifeiseanta a bhith a' leasachadh shlighean a bhios ag obrachadh mar as fheàrr don chuid luchd-ionnsachaidh: is iad an dà cho-phàirt inntrinsigeach airson curraicealam adhartach. Tha sinn a' creidsinn gum bu chòir do dh'Ùghdarrasan Ionadail, Caidreachasan Leasachaidh Roinneil agus Foghlam Alba a bhith ag obair mar cheangladairean airson sgoiltean a tha aig ìrean coslach no a tha a' cleachdadh dòighean-obrach coslach stèidhichte air a' cho-theacsa aca fhèin.

Mas ann aig leithid de shiostam a tha a' bhuidheann gu bhith, feumaidh gu bheil a' gabhail seilbh aig a h-uile ìre. Bha a' bhuidheann a' mìneachadh seo mar dhòigh-obrach a tha gach cuid 'bhon bhonn suas agus a-nuas bhon mhullach'. Feumaidh e tòiseachadh le luchd-ionnsachaidh, ach feumaidh e luchd-dèanamh poileasaidh a ruigsinn, a bharrachd air comainn phroifeiseanta agus luchd-poilitigs, gus siostam a chruthachadh agus a phutadh air adhart a bhios a' cur luach air h-uile seòrsa de dh'ionnsachadh is leasachadh. Feumaidh na siostaman taobh a-staigh sam bi sgoiltean ag obrachadh agus daoine òga ag ionnsachadh a' co-thaobhadh; an-dràsta chan e sin a' chùis. Tha dìth co-thaobhaidh gu ruige seo air a bhith mar chnap-starra airson dealbhachadh a' churraicealaim ann an dòigh ùr-ghnàthach agus ionnsachadh nas pearsantaichte airson dhaoine òga.

Bidh dealbhachadh a' churraicealaim ann an dòigh ùr-ghnàthach a' dèanamh cinnteach gu bheil slighean foghlaim co-thàthach aig a h-uile neach òg agus a tha freagarrach dham mòr-mhiann. Cha bhi seo daonnan mu dheidhinn toirt do dhaoine òga 'na tha iad ag iarraidh', ach gan stiùireadh a bhith a' seòladh tron raon de chothroman a tha ri faotainn ri an linn-sa.

Molaidhean na Buidhne

- Cuir air adhart agus comharraich na tha ag obair gu math ann an sgoiltean a thaobh dealbhachadh shlighean ionnsachaidh.
- Coilean na cothroman a tha gan deuchainneachadh mar-thà le mòran sa bhuidhinn cho-dhealbhadh ag inn, agus ann an àitichean eile, thairis air na trì bliadhnaichean a chaidh, agus thoir seo don ath ìre: bi deiseil airson atharrachaidhean a dhèanamh ri structar na sgoile, clàran-ama traidiseanta, curraicealam agus riarachadh luchd-obrach is ghoireasan, agus sùilich gum bi a h-uile ùghdarras ionadail agus ceannard sgoile a' freagairt.
- Cuir airgead ann an comas sgiobaidhean sgoile air chor 's gum faod iad a bhith air ceann ùr-ghnàthachadh curraicealaim agus dèanamh curraicealaim. Feumar aire a thoirt an seo do leasachadh sgilean dealbhachaidh.
- Chan urrainn do thidsearan air leth agus cuspairean fa leth a bhith ag ùr-ghnàthachadh dealbhachadh a' churraicealaim nan aonar. Feumar dòigh-obrach thar-sgoile a bhrosnachadh air chor 's gum bi eòlasan ionnsachaidh ann an aon phàirt den t-seachdain a' togail air na sgilean foincsein-gnìomha a thathar a' leasachadh ann am pàirt eile. Feumaidh sgoiltean dùil chumanta a chruthachadh a thaobh de na sgilean air am faod feum a bhith aig oileanaich, agus de dh'fheumar teagasg, agus cuin. Feumaidh luchd-pàirt siostam an fhoghlaim ann an Alba sgoiltean a chuideachadh agus a chomasachadh gus seo a leasachadh.
- Feumaidh colaistean, oilthighean agus fastaichean a bhith an sàs ann an dealbhachadh a' churraicealaim smaointeachail, air chor 's gum bi oifigearan trusaidh oileanaich agus trusaichean chompanaidhean a' tòiseachadh air tuigse fhaighinn air càileachd an luchd-smuain a thig à sgoiltean Albannach.
- Dèan cinnteach gu bheil an neach-ionnsachaidh a' fuireach aig cridhe ghnothaichean agus thoir orra a bhith an sàs san t-slighe ionnsachaidh aca agus thoir barrachd cothroman dhaibh airson meòrachadh pearsanta.
- Meudaich adhartas agus tracadh sgilean gus fàs an neach fa leth a nochdadh.
- Faigh cuidhteas den sheanachas phoilitigeach mu churraicealam.
- Feumar ceangal nas fheàrr a dhèanamh eadar na meta-sgilean coitcheann, nas tràithe, agus cuideam nas lugha ga chur air a' cheist “dè tha thu ag iarraidh a dhèanamh nuair a dh'fhàgas tu sgoil?”.
- Dealbhaich agus furastaich prògraman a tha tòrr nas so-lùbaidh, agus a bhios a' cuideachadh gus feartan, sgilean agus eòlasan pearsanta a leasachadh. Bhiodh na prògraman seo a' gabhail a-steach measgachadh de sgoil, obair shaor-thoileach, greisean colaiste agus/no trèanadh dreuchdail.

3. Co-obrachadh

Mar a chaidh a chomharrachadh ann an '[An Empowered System](#)' (2019), tha ochd prìomh luchd-pàirt ann a bhios ag obair còmhla gus piseach a chur air toraidhean cloinne is dhaoine òga. Is iad:

- Luchd-ionnsachaidh
- Pàrantan is Luchd-cùraim
- Luchd-taic
- Tidsearan is Luchd-cleachdaidh
- Ceannardan Sgoile
- Ùghdarrasan Ionadail agus Caidreachasan Leasachaidh Roinneil
- Luchd-pàirt
- Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean nàiseanta

Tha taic is com-pàirteachadh gach neach-pàirt riatanach airson dèanamh cinnteach gum faod daoine òga a' cumail orra a' togail air agus ag adhartachadh an cuid chomasan; a' tuigsinn nan roghainnean a tha fosgailte dhaibh air feadh agus an dèidh sgoile; agus a bhith air an comharrachadh airson fàs sam bith a rinn iad ann an ionnsachadh thar ùine.

Feumar daoine òga a bhrosnachadh agus a chuideachadh leis a h-uile neach-ùidhe. Le luchd-obrach a tha com-pàirteach, dealasach, eòlach agus diorrasach, agus a tha eòlach orra gu math agus a tha fiosrach air na slighean ionnsachaidh as fhèarr leotha. Le pàrantan aig a bheil tuigse shoilleir air an t-slighe a tha am pàiste a' siubhal. Le luchd-pàirt a tha a' toirt taic do an leasachadh le cothroman airson ionnsachadh stèidhichte air obair. Agus le siostam nas fharsainge a bhios a' comharrachadh agus a' cur air adhart an ionnsachaidh mar neach òg, an àite a bhith gan làimhseachadh mar staitistig.

Nuair a tha slighean ionnsachaidh nan daoine òga farsaing, tha e do-sheachanta gum bi pàrantan is luchd-cùraim a' gabhail pàirt ann an dealbhachadh a' churraicealaim ann an dòigh a bhios a cheart cho gnìomhach 's a tha a' phàirt a chluichear le tidsearan is daoine òga. Tha taic bhuapasan cudromach, ach dh'fhaodte gum bi uallaichean a bharrachd ann gus dèanamh cinnteach gun tèid aig daoine òga air cothroman ionnsachaidh a fhrithealadh air falbh bhon togalach sgoile, no aig an taigh.

Ath cheuman airson co-obrachadh

Eadar-ghluasadan, an àite chuirtean

Ann an dealbhachadh shlighean ionnsachaidh, faodaidh eadar-ghluasadan a bhith nan cnap-starra, a dh'fheumar ceannsachadh. Feumaidh cothroman do dhaoine òga a bhith air am fineachadh gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gum faodar an sgilean adhartachadh agus nach bi slighean ionnsachaidh a' sìoladh às no a' dùnadh sìos air sgàth dìth cothruim no atharrachadh ann an luchd-obrach. A bharrachd air sin, tha eadar-ghluasadan eadar roinnean riatanach airson tuigse fhaighinn air feumalachdan a' phàiste: chan fhaodar 'measadh fo luach' a chur air na sochairean a thig bho cho-obrachadh èifeachdach.

Ùghdarrasan Ionadail mar luchd-brosnachaidh stòiridh ùire

Tha pàirt ri bhith air a cluiche an seo le ùghdarrasan ionadail agus caidreachasan leasachaidh roinneil, cuideachd. Far a bheil iad a' brosnachadh shlighean iomadach, ùr-ghnàthach airson dhaoine òga, a bharrachd air taic a thoirt do fhrèamaichean-obrach adhartais gus leasachadh sgilean a thracadh, dh'fhaodadh sin a bhith anabarrach taiceil. Ma thathar a' cur uimhir de luach air stòiridh agus soirbheas slighe ionnsachaidh, 's a thathar a' cur air fiosrachadh air toraidhean dheuchainnean, dh'fhaodadh sin cumhachdachadh sgoiltean a mheudachadh agus an cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil fìor fheumalachdan luchd-ionnsachaidh gan coileanadh. Chan eil seo a' ciallachadh gum bu chòir measaidhean làithreach a chur ann an neo-shùim. An àite sin, tha sinn ag iarraidh aithneachadh gu bheil iad dìreach mar phàirt den stòiridh soirbheis.

Com-pàirteachasan nas doimhne is nas leithne

Dh'aithnich sinn nach e obair airson nan sgoiltean a-mhàin a bhith a' meudachadh farsaingeachd is càileachd nan Slighean Ionnsachaidh a tha ri làimh. Faodaidh luchd-pàirt air an taobh a-muigh cuideachadh gus sàr-dheagh eòlasan luchd-ionnsachaidh a dhealbhadh fad sheachdainean, mhìosan, theirmean no fiù 's bliadhna. Ann an siostam a tha a' cur luach air a h-uile ionnsachadh, gabhaidh teisteanasan a dhealbhadh ann an iomadh cruth agus fhathast air an comharrachadh. Bu chòir don h-uile sgoil ann an Alba ceanglaichean fiù 's nas treasa a stèidheachadh le gnìomhachas is gnothachas, gu h-ionadail, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta. Faodaidh an luchd-pàirt seo cur ri luach ann an dòigh nach fhaod curraicealam a tha stèidhichte san sgoil.

Gu traidiseanta, bha colaistean, oilthighean agus gnothachais a' gabhail luchd-ionnsachaidh a-steach don bhuidhnean no ionadan aca, agus bha sgoiltean gam faicinn mar 'bhiathadairean', agus cha b' ann mar luchd-pàirt. Tha sin ag atharrachadh mar-thà, ach ma tha slighean luchd-ionnsachaidh gu bhith nas fharsainge, nas pearsantaichte agus nas àrd-amasaiche, dh'fhaodte gum feum sgleò a chur air a' bheàrn eadar sgoil agus càch, agus feumar cuideam a chur air a' cheangal eadar, can, Preantasachd Bun-ìre agus slighe gu oilthigh mar shlighe a tha a cheart cho luachmhor 's a tha slighe thraidiseanta le còig Àrd-Ìrean.

Tha Riaghaltas agus buidhnean nàiseanta bunaiteach do shoirbheas ann an dealbhachadh a' churraicealaim ann an dòigh ùr-ghnàthach. Feumaidh iad leudachadh air a' chomharrachadh ionnsachaidh a tha a' gabhail a-steach fada a bharrachd na Teisteanasan Nàiseanta. Feumaidh iad cuideachd dèanamh cinnteach gu bheil na ceanglaichean ri teisteanasan air an dèanamh gu math, gu bheil fios air dealbhachadh a' churraicealaim air a cho-phàirteachadh, agus gu bheil e nas fhasa gus cothrom a ghabhail air an raon de theisteanasan a tha ri fhaotainn. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh iad a dhèanamh nas nochdte far a bheil aonadan obrach cosmhail gan cur an gnìomh thar diofar theisteanasan.

Chan fhaighear slighean luchd-ionnsachaidh a tha fìor chruth-atharrachail gu cunbhalach ann an Alba mura bheil gach aon a' cluiche a phàirt gus sin a choileanadh. 'S ann an uair sin a-mhàin a dh'fhaodas sinn a ràdh le làn-bharail gu bheil sinn a' coileanadh feumalachdan a h-uile neach-ionnsachaidh ann an Alba.

Molaidhean na Buidhne:

- Obair còmhla ri luchd-pàirt gus ionnsachadh a dhealbhadh timcheall air dùbhlann soilleir a thaobh fuasgladh cheistean no cumadh dhuilgheadasan.
- Feumaidh fastaichean a bhith a' tuigsinn nan slighean ionnsachaidh a bhios an luchd-obrach san àm ri teachd aca air choileanadh - chan eil dòigh nas fheàrr sam bith eile na bhith an sàs gan dealbhachadh air chor 's gum bi iad eòlach air ciamar a b' urrainn dhaibh mòr-mhiannan nan daoine òga aca a choileanadh.
- Bidh co-obrachaidhean le colaistean ionadail a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' coileanadh feumalachdan co-theacsa na sgìre agus gan ùrachadh agus gan sìor-fhìneachadh.
- Feumaidh sgoiltean dòighean a lorg gus dealbhachadh a' churraicealaim atharrachadh bho rudeigin a bhios iad a' dèanamh airson oileanaich is pàrantan gu gnìomh co-dhealbhadh a bhios iad a' dèanamh còmhla riutha.
- Bu chòir gun cruthaichear mapa glè lèirsinneach, air an dèanamh còmhla, a bhios a' nochdadh slighe phlanaichte an neach-ionnsachaidh cho fad 's a thathar ga cur romhpa, agus bu chòir gum bi an t-slighe seo air aontachadh eadar an neach-ionnsachaidh, pàrantan agus teagaisgearan. 'S e an neach-ionnsachaidh am prìomh chleachdaiche, ach bhiodh e a' leigeil leis a h-uile duine a tha an sàs a bhith a' tuigsinn sa bhad càit a bheil neach-ionnsachaidh a' dol agus carson.

Iomraidhean

Caldwell, S. (2020) "Who we are". *The Mastery Transcript Consortium*. Air luchdadh a-nuas air 3 Giblean, 2020: <https://mastery.org/who-we-are/our-story/>

Hughes, D. (2020) *Championing Careers Derby, Executive Summary*. Air luchdadh a-nuas air 18 Giblean, 2020:

http://www.d2n2lep.org/write/Championing_Careers_Derby_Executive_Summary_ONLINE.pdf

Fòram Nàiseanta Pàrantan na h-Alba (2020) "New Learner Journey Nutshell Launched." Air luchdadh a-nuas air 12 Giblean: <https://www.npfs.org.uk/2020/03/new-learner-journey-nutshell-launched/>

Parker, K. (2020) "Evening class uptake down 50% in 10 years". *Tes*. Air luchdadh a-nuas air 17 Giblean, 2020: <https://www.tes.com/news/exclusive-evening-class-uptake-down-50-10-years>

Fòram nan Amannan ri Teachd do dh'Alba (2019) *Scotland 2030 Future Schooling*. Air luchdadh a-nuas air 12 Giblean:

<https://scotlandfutureforum.org/scotland2030-future-schooling>

Riaghaltas na h-Alba (2020) *Scotland's careers strategy: moving forward*. Air luchdadh a-nuas air 12 Màrt, 2020: <https://www.gov.scot/publications/scotlands-careers-strategy-moving-forward/pages/6/>

2019 Comataidh Foghlaim agus Sgilean *Subject choices in schools, 6th Report, 2019* (Seisean 5):

https://www.parliament.scot/S5_Education/Inquiries/Subject_choices_report_September_2019.pdf

Leasachadh Sgilean na h-Alba (2019a) *Foundation Apprenticeships: Progress Report*. Air luchdadh a-nuas air 6 Giblean, 2020:

<https://www.skillsdevelopmentscotland.co.uk/media/45251/fa-progress-report.pdf>

Leasachadh Sgilean na h-Alba (2019b) *A Human Future, Strategic Plan 2019-2022*. Air luchdadh a-nuas air 8 Giblean, 2020:

<https://www.skillsdevelopmentscotland.co.uk/media/45753/a-human-future-strategic-plan-2019-2022.pdf>

Leasachadh Sgilean na h-Alba (2020) *Delivering Scotland's Careers Service*. Air luchdadh a-nuas air 20 Giblean, 2020

<https://www.skillsdevelopmentscotland.co.uk/media/46449/delivering-scotlands-careers-service-2020.pdf>

Com-pàirtichean anns an Sgioba Cho-dhealbhachaidh

Julie Anderson, Riaghaltas na h-Alba

Pauline Anderson, Leas-cheannard, Acadamaidh Galashiels, Crìochan;

Gordon Barnes, Leas-cheannard, Acadamaidh Allamhaigh, Siorrachd Chlach

Mhanann; Alistair Campbell, Leas-cheannard, Àrd-sgoil Mhic Labhrainn,

Sruighlea; Craig Cowie, Leas-cheannard, Acadamaidh Phort Leathain,

Siorrachd Obar Dheathain; Sean Duffy, Leas-cheannard, Àrd-sgoil Bhucaidh,

Moireibh

Norman Greenshields, Oifigear Foghlaim, Seirbheisean Foghlaim

Inbhir Chluaidh; Graham Hutton, Ceannard, Acadamaidh Grove

David Kick, Leas-cheannard, Acadamaidh Dhùghlais, Siorrachd Dhùn Breatann an Ear;

Abigail Kinsella, Manaidsear Lìbhrigidh airson Chom-pàirteachasan Nàiseanta,

Leasachadh Sgìlean na h-Alba; Gerry Lyons, Ceann Seirbheise (Ear-thuath),

Seirbheisean Foghlaim, Comhairle Baile Ghlaschu; Joan Mackay, Ceann air Ùr-

ghnàthachadh a' Churraicealaim, Foghlam Alba

Angus MacIannan, Ceannard, e-Sgoil, Comhairle nan Eilean Siar;

Lyndsay McRoberts, Ceannard, Àrd-sgoil Duncanrig; Janine

McCullough, Àrd-oifigear Foghlaim, Foghlam Alba

Collette McElroy, Manaidsear Foghlaim, Siorrachd Rinn-friù; Ally McGuigan,

Leas-cheannard, Acadamaidh N. Mata, Siorrachd Àir a Tuath; Elizabeth

McGuire, Àrd-oifigear Foghlaim, Curraicealam, Foghlam Alba

Ewan McIntosh, CEO, NoTosh

Morag Miller, SIO/Ceannard an-gnìomh, Comhairle Arcaibh/Bun-sgoil Stromness, Arcaibh

Pete Moir, Manaidsear Obrachaidhean, Duas Diùc Dhùn Èideann Alba;

Mike Paul, Ceannard, Acadamaidh Bucksburn, Baile Obar Dheathain

Caroline Phillip, Leas-cheannard, Àrd-sgoil Batail Nuaidh, Lodainn

Mheadhanach; Gavin Pitt, Oifigear Leasachaidh Càileachd, Comhairle

Siorrachd Àir a Deas

Sue Pope, Ceann Seirbheise: Leasachadh Theisteanasan, Ùghdarras Theisteanasan na

h-Alba; Roberta Porter, Oifigear Leasachaidh Càileachd, Baile Dhùn Èideann

Mary Rooney, Leas-cheannard, Àrd-sgoil Bhruach Chluaidh, Siorrachd Dhùn

Breatann an Iar; Susan Sey, Oifigear Leasachaidh Sgilean Didseatach, Foghlam

Alba

Hamish Shankland, Leas-cheannard, Acadamaidh Whitburn, Lodainn an Iar;

Calum Stewart, Leas-cheannard, Àrd-sgoil Preston Lodge, Lodainn an Ear;

Jenny Watson, Àrd-oifigear Foghlaim, Dealbhachadh a' Churraicealaim,

Foghlam Alba

Lesley Watson, Oifigear Foghlaim - An Ìre as Àirde Comhairle Dhùn Phris is Ghall-

Ghàidhealaibh; Liz White, Ceannard, Àrd-sgoil Calderglen, Siorrachd Lannraig a

Deas

Donnie Wood, Oifigear Leasachaidh. Com-pàirteachas Frèam Creideis agus Teisteanais na h-Alba